

am Ministeirean. Tha fios aig na h-uile cho duilich 's a tha Ministeirean gailig gu loor fhaighean an Canada.

Fhaic a ris an call a tha oiran ann an rathad spioradail.

Co is urrainn am beannachd a thug leabhar Jain Bunyan air tiachd-eil a thomhais? Tha pailteas leabhraichean sgrìobhte, agus a dh' fhaodadh bhi air a sgrìobhadh air tus ann an Gailig a d' fhaodadh bhi ann an Iamhan an t-sluaigh as deigh am biodh beannachd mòr do-labhairt mar as deigh "Turas a Chrìosduidh" no an "Cogadh naomh".

Duigemaid uime sin agus nochd-emaidd caoimhneas ri cannt mhilis ar mathar anns an cuala sin a guth an foiseach agus anns na bhlaiss sinn air tus air Focal na beatha. Am beil nair air gaidheil gun ghailig? mò thruaighe bochdanas eanachainn luchd-aicheadh an teanga! oganaich 'us caileagan air an seideadh suas le baoghaltachd, buamastaireachd agus blaghastaireachd Gaoill us **YANKEES** mar gu 'm b'e sin uaisleachd!

Mo leireadh! gu de la thainig oirnn 'n uair a tha treubhan an taobh tuath a' tionndadh a mach cho beag seadh.

A chairdean na biodh e ri chur as ar leth leis a linn ri teachd gu 'n do mharbh sinn a Gailig, agus mar sin gu 'n do dh' fhaig sinn an saoghal ni bu bhochda na fbuir sinn e.

SEARMON.

Leis an Urramach Raiheart Uacair Ministear na h-Eaglais Aird, Duneidin 1754-1782.

NA THOM UALLAICH AIR AN CUIREADH GU CRÌOSDA.

"Thigibh a m'ionnsuidh-sa sibhse uile a tha ri teachd agus fuidh throm uallach, agus bheir mise suaimhneas dhuibh." Mata, 11. 28.

Bha fathadair eachd air a dheanamh mu ar Tighearna, fada mus d' thainig e 's an fheoil, "gun cuireadh e an cèill saorsa do na braghdean agus foghladh a phiosain dhoibhsan a bha ceangailte." Agus feuch tha e 'deanamh sin 'an so anns an doigh as caoimhaile agus as gradhaiche a fairsgeadh fois na saorsa spioradail do na h-uile peacach "a tha ri saothair agus fuidh throm uallach." "Thigibh a m'ionnsuidh-sa sibhse uile a tha ri saothair agus fuidh throm uallach agus bheir mise suaimhneas dhuibh."

Ann a bhi labhairt bho na briadh-ran so tha mi a rùnachadh ann an crochadh air comhmadh an spioraid.

AN TOISEACH.—A bhi mineachadh agus a cur solus air cliù na muinntir a tha air an cuireadh.

'S AN DARAMH AITE.—A bhi soilleireachadh a chuireadh, agus a nochdadh gu de a tha air a chiallachadh le 'bhi t'ghinn gu Crìosda.

'S AN TREAS AITE.—A bhi feuchainn brìgh a gheallaidh ghlormhoir, "Bheir mise suaimhneas dhuibh."

Toisichidh mi le 'bhi toirt cliù na muinntir do 'm bheil an cuireadh air a thabhairt. Is muinntir iad "a tha ri saothair agus fuidh throm uallach," is e sin a tha mothachadh eallach do ghiulainte cionta, agus ceanglachanan domblasda aignidhean truaillidh, agus a tha fadachd orra air son saorsa uapa maraon. Is iad so a mhuinntir a mheas ar Slanuighear a ghnath mar chuspairean aire agus a churaim.

Le ar dol air falbh o Dhia chaill sinn air ball ar neochiontas agus ar sonas; dh' fhas sinn dà uair truaigh, buairt-